

DEALBH-OBACH

Tìotal-obrach	Preasantair & Riochdaire Didseatach	Ìre	C2	Uaireannan Seachdainneach	37
Amas	Is e obair a’ Phreasantair & Riochdaire Didseatach taic a thoirt do Riochdaire Dreach na Seanail agus an Leas-Choimiseanair ann a bhith ag ullachadh nam mìrean eadar phrògraman BBC ALBA agus susbaint co-cheangailte airson an dà chuid ùrlaran loidhneach agus didseatach.				
Cunntachail do	Leas-Choimiseanair				
Le uallach airson	<ul style="list-style-type: none"> • Cruthachadh agus libhrigeadh stuth airson nam mìrean eadar phrògraman agus a’ cumail ri clàran-ama seachdainneach. • A’ sgrìobhadh sgrìobtaichean agus a’ clàradh thar-ghuthan airson nan ceanglaichean. • A’ coimhead thairis air cruthachadh agus cur ri chèile a h-uile eileamaid de mhìrean eadar phrògraman agus grafaigs; a’ stiùireadh cruthachadh de stuthan sanasachd in-taigh. • A’ cur ri toradh didseatach BBC ALBA, sanasachd iomlan bho BBC ALBA a’ gabhail a-steach stuth didseatach agus ag obair còmhla ri Oifigear nam Meadhanan Didseatach, Leas-Choimiseanair agus co-obraichean eile gus leasachadh agus cumail suas làithreachd didseatach nas làidir airson BBC ALBA. 				
Dàimhean obrach	Bidh an neach san dreuchd ag obair mar bhall de sgioba susbaint Sgioba ALBA fo stiùir an Leas-Choimiseanair agus a’ conaltradh gach là le Riochdaire Dreach na Seanail, Manaidsear Clàr-phrògraman, Oifigear nam Meadhan Didseatach, am Manaidsear Conaltraidh, an Sgioba Teicneòlais, Deasaiche na Seanail, agus luchd-solar in-thaigh/treas phàrtaidh de mhìrean eadar phrògraman agus stuth eile airson ùrlaran loidhneach agus didseatach.				
Toraidhean	<ul style="list-style-type: none"> • Bidh an neach san dreuchd a’ dèanamh cinnteach gu bheil na pacan làitheil anns am bheil ceanglaichean agus promothan air an cruthachadh is air an libhrigeadh airson a’ chlàr-phrògraman a rèir iarrtasan clàr-ama an TBh agus a rèir dearbh-aithne na seanail. • Bidh an neach san dreuchd a’ dèanamh cinnteach gu bheil an Leas Choimiseanair a’ faighinn taic agus gu bheil conaltradh èifeachdach a’ gabhail àite eadar nan sgiobaidhean deasachaidh agus teicneòlais. • Bidh an obair a’ dèanamh cinnteach gu bheil na Riochdairean Didseatach agus Oifigear nam Meadhanan Didseatach agus an co-obraichean a’ faighinn taic a thaobh susbaint airson làithreachd didseatach BBC ALBA, a’ gabhail a-steach adhartachadh na seanail, agus a’ gabhail a-steach taic aig àm saor-làithean. 				
Prìomh ghniomhan	<p>A’ toirt taic do Riochdaire Dreach na Seanail a bhith ag ullachadh clàran-ama mionaideach de mhìrean eadar phrògraman.</p> <p>A’ toirt taic do Riochdaire Dreach na Seanail a bhith a’ cruthachadh agus a’ libhrigeadh pacan làitheil airson a’ chlàr-phrògraman, a’ gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ro-phlanadh airson mìrean clàr-ama TBh: còmhla ri Riochdaire Dreach na Seanail, Manaidsear Clàr-phrògraman, Manaidsear Conaltraidh, leantail eachd in-thaigh, solaraichean agus deasaiche in-thaigh. • A’ manaidseadh thabhartasan a thaobh nam mìrean eadar phrògraman: A’ clàradh ghuthan airson nam mìrean eadar nam prògraman; a’ stiùireadh stuthan cruthachail airson promothan; a’ sgrìobhadh sgrìobtaichean agus a’ 				

	<p>clàradh ghuthan airson promothan a tha a rèir dearbh-aithne agus caractar na seanail; a' cruthachadh teacsa airson nan grafaigs air-èadhar air fad.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dèanamh cinnteach gu bheil a' phacaid dheireannach a rèir riatanas a' chlàr-ama agus a' dol tro sgrùdaidhean deasachaidh. • Dèanamh cinnteach gu bheil a' phacaid dheireannach air a libhrigeadh ann an deagh àm. • Cur an stuth airson nam mìrean agus an obair pàipeir a tha na chois ann an tasglann. • Planadh de shusbaint didseatach, an dà chuid susbaint didseatach BBC ALBA a sheasas leis fhèin agus stuth adhartachaidh na seanail. • Cruthachadh susbaint didseatach a sheasas leis fhèin agus stuthan adhartachaidh na seanail. • Obrachadh às leth Oifigeir nam Meadhanan Didseatach agus co-obraichean eile. • Gabhail gu dealasach ri leasachadh proifeiseanta, suidheachadh bhuilean agus sgrùdaidhean coileanaidh.
<p>Bun sgilean Eòlas air a bhith ag obair ann an earrann nam meadhanan/gnìomhachasan cruthachail</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Ìre de thuigse air teicneòlas craolaidh, àrainn stiùidio, deasachadh, agus bhiodh teisteanasan sna meadhanan craolaidh air leth math. • Fìor ùidh agus eòlas follaiseach air a bhith a' cleachdadh nam meadhanan sòisealta. • A' nochdadh comas agus stiùir chruthachail. • Sùbailte agus fèin-bhrosnaichte. • Sàr sgilean Gàidhlig, ann an sgrìobhadh agus còmhradh. • Bhiodh eòlas air sgrìobhadh sgrìobt agus tar-labhairt na bhuannachd. • Àrd-ìre de sgilean IT agus mòran eòlais agus tuigse air ùrlaran meadhanan sòisealta. • Fèin-thòisichear agus an comas prìomhachas a thoirt do thaobhan den obair, comas obrachadh fo chudrom agus le deagh fhulangas le dòigh obrach socair. • Sàr sgilean taisbeanaidh. • Sealltainn comas ionnsachadh gu luath. • An còmhnaidh dìcheallach agus a' toirt deagh aire de nithean mionaideach. • Àrd ìre de sgilean eagrachaidh. • Nochdadh sàr sgilean manaidseadh ama. • Ag obrachadh gu math le daoine eile agus ag obair ann an com-pàirteachasan tarbhach le buill eile den sgioba agus treas phàrtaidhean. • Comasach a bhith ag obair gu sùbailte agus a' siubhal gu tric gu tachartasan gnìomhachais.
<p>Fad na h-obrach</p>	<p>Cùmhnannt 12 mìosan airson Fòrladh Màthaireil.</p>